

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim a' mholaidh le Comhairle na Gàidhealtachd gu Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich, Bun-sgoil Chnoc na Creige, Bun-sgoil Cnoc Breac agus Sgoil Speisealta Naoimh Dhubhthaich ionadachadh le àrainn ùr 3-18 a thogail an dàrna cuid air làrach Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich no air làrach Bun-sgoil Chnoc na Creige.

1 Ro-ràdh

1.1 Tha an aithisg seo bho Foghlam Alba air a h-ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) a rèir cumhachan *Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010* agus a rèir nan atharrachaidhean ann an *Achd na Cloinne agus Dhaoine Òga (Alba) 2014*. Is e adhbhar na h-aithisg beachd neo-eisimeileach is neo-phàirteach a thabhann mu mholadh Chomhairle na Gàidhealtachd gu Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich, Bun-sgoil Chnoc na Creige, Bun-sgoil Cnoc Breac agus Sgoil Speisealta Naoimh Dhubhthaich ionadachadh le àrainn ùr 3-18 a thogail an dàrna cuid air làrach Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich no air làrach Bun-sgoil Chnoc na Creige. Tha Earrann 2 den aithisg a' cur an cèill cunntas goirid mun phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 a' cur an cèill beachdan Luchd-sgrùdaidh na Banrigh mu thaobhan foghlaim a' mholaidh, a' gabhail a-steach bheachdan cudromach a chaidh a thoirt leis an luchd-comhairleachaidh. Tha Earrann 4 a' toirt geàrr-chunntas air beachd farsaing Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a' mholadh. An uair a gheibhear an aithisg seo, tha an Achd a' cur riatanas air a' chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aige fhèin ullachadh. Bu chòir dhan aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aig a' chomhairle a bhith a' gabhail a-steach lethbhreac den aithisg seo agus feumaidh mìneachadh a bhith innte, ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh mun mholadh, mun lèirmheas a tha e air a dhèanamh air a' mholadh a chaidh a dhèanamh o thùs, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas de na puingeas a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle dhaibh. Feumaidh a' chomhairle aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus tig e gu co-dhùnadh deireannach. Far a bheil comhairle a' moladh sgoil a dhùnadh, feumaidh e na dleastanasan reachdail air fad a tha ann an Achd 2010 a choileanadh, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt fios do Mhinistearan taobh a-staigh sia làithean-obrach on thig e chun a' cho-dhùnaidh dheireannaich agus a' mìneachadh do luchd-co-chomhairleachaidh an cothrom a tha aca riochdachaidhean a dhèanamh gu na Ministearan.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air clann agus daoine òga bho Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich, Bun-sgoil Chnoc na Creige, Bun-sgoil Cnoc Breac agus Sgoil Speisealta Naoimh Dhubhthaich; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann agus daoine òga ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) clann a dh'fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho cheann-là foillseachaidh na h-aithisg molaidh; agus clann agus daoine òga eile ann an roinn na comhairle;

- buaidh sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh;
- mar a tha a' chomhairle am beachd droch bhuidh sam bith a dh'fhaodadh èirigh bhon mholadh, a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle am beachd a thigeadh bho bhith a' cur a' mholaidh seo an cèill, agus adhbharan na comhairle airson a bhith a' tighinn chun nam beachdan sin.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh na gnìomhan a leanas:

- beachdachadh air na pàipearan iomchaidh air fad a chaidh a sgaoileadh leis a' chomhairle a thaobh a' mholaidh, gu sònraichte an aithris air buannachdan foghlaim agus na sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh buntainneach, fianais sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan agus bho dhaoine eile; agus
- cuairtean gu làrach Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich, Bun-sgoil Chnoc na Creige, Bun-sgoil Cnoc Breac agus Sgoil Speisealta Naoimh Dhubhthaich, a' gabhail a-steach conaltradh ri luchd-comhairleachaidh iomchaidh.

2. Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Rinn Comhairle na Gàidhealtachd co-chomhairleachadh air a mholadh a rèir cumhachan *Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010*.

2.2 Mhol eacarsaich co-chomhairleachaidh reachdail a bha a' moladh nan sgoiltean a tharraing ri chèile a chaidh a dhèanamh ann an 2015 gun deigheadh an campas ùr a stèidheachadh air an làraich air a bheil Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich an-dràsta. Dh'aontaich Comhairle na Gàidhealtachd ris a' mholadh seo air 12 Màrt 2015 agus Ministearan na h-Alba sa Chèitean 2015. Mar thoradh air na h-uallachaidhean a chaidh a thogail leis a' choimhearsnachd rè a' phròiseas co-chomhairleachaidh ro-phlanadh an tagraidh a thaobh iomchaidheachd an làraich air a bheil an acadamaidh an-dràsta, dh'aontaich Comhairle na Gàidhealtachd gun deigheadh lèirmheas a dhèanamh air taghadh campas ùr. Chaidh dà làrach a chomharrachadh: an làrach air a bheil Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich an-dràsta agus làrach Bun-sgoil Chnoc na Creige.

2.3 Lean am pròiseas co-chomhairleachaidh bho 5 Ògmhios 2018 gu 4 Sultain 2018. Chaidh lethbhreacan den mholadh an tabhann gu h-eileagtronaigeach air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd agus ann an dreach pàipeir sna ceithir sgoiltean air a bheil buaidh aig seo agus cuideachd ann an Leabharlann Poblach Bhaile Dhubhthaich. Chaidh coinneamh phoblach a chumail air 18 Cèitean 2018 aig Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich. Chaidh fios ag innse mun choinneamh a chur ann am Pàipear Làitheil Siorrachd Rois agus air duilleag Facebook na comhairle. Mar chomhairleachaidhean reachdail air atharrachaidhean air solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG), chaidh cuireadh a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig freagairt a thoirt don cho-chomhairleachadh. Cha tug iad freagairt seachad don cho-chomhairleachadh.

2.4 Ghabh a' chomhairle ceumannan iomchaidh gus co-chomhairleachadh le clann agus daoine òga. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air sgoilearan thar nan ceithir sgoiltean a bha fo bhuidhe na cùise seo. San fharsaingeachd, bha a' chlann agus na daoine òga taiceil dhan mholadh. Chaidh iarraidh air na sgoilearan am beachd a chur an cèill mun champas 3-18 a bhathar a' moladh agus cuideachd mun àite a b' fheàrr leotha den fheadhainn a bhathar a' moladh. San fharsaingeachd, bha 249 sgoilear a' toirt taic don champas 3-18 a bhathar a' moladh, bha 81 na aghaidh agus bha 50 aig nach robh fios. A thaobh na làraich a b' fheàrr leotha, bha 331 a' roghnachadh làrach Bun-sgoil Chnoc na Creige agus bha 324 a' roghnachadh làrach Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich. Cha do chuir sgoilearan bho Sgoil Speisealta Naoimh Dhubhthaich freagairt air ais idir.

2.5 Fhuair a' chomhairle 55 freagairt a bha a' gabhail a-steach 11 freagairt neo-ainmichte ri suirbhidh air-loidhne agus aon fhreagairt sgrìobhte bho BPA ionadail às leth neach-taghaidh. Cha mhòr nach robh na freagairtean air fad a' roghnachadh làrach Bun-sgoil Chnoc na Creige. B' e am prìomh adhbhar a bhathar a' toirt gun robh làrach Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich ro bheag. Bhathar a' meas gun robh meud gu leòr ann an làrach Chnoc na Creige agus an comas coinneachaidh ris na feuman a bha ann aig an àm a tha an làthair agus san àm ri teachd.

3. Taobhan Foghlaim a' Mholaidh

3.1 Tha aithisg Foghlaim Alba airson moladh 2015 le Comhairle na Gàidhealtachd gus campas 3-18 a chruthachadh a tha a' cumail suas dearbh-aithne nan sgoiltean air leth a' tabhann mòran bhuannachdan foghlaim do chlann agus dhaoine òga. Tha iad sin a' gabhail a-steach eadar-ghluasadan leasaichte do chlann agus dhaoine òga aig prìomh phuingean nan slighe ionnsachaidh. Tha na togalaichean sgoile a tha an-dràsta aig Bun-sgoil Chnoc na Creige agus Bun-sgoil Cnoc Breac air a dhol bhuaithe chun na h-ìre is nach eil iad tuilleadh comasach a bhith air an cleachdadh. Tha Sgoil Speisealta Naoimh Dhubhthaich an-dràsta suidhichte car ùine ann an togalach a chaidh a leasachadh. Bheireadh am moladh fuasgladh cuideachd air an t-suidheachadh a tha ann an-dràsta mun t-solar foghlaim a bhith sgaoilte thairis air ceithir làraichean. Bheireadh e ri chèile gach solar foghlaim air an aon làraich. Bhiodh seo a' gabhail a-steach Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) is Foghlam tro Mheadhan na Beurla agus taic speisealta a bharrachd. Le bhith ag obair san dòigh seo tha an comas ann leasachadh a dhèanamh air adhartas ann an sgilean chloinne agus dhaoine òga, agus a bhith a' cumail ris na modhan-obrach sònraichte airson FMG. Tha cothrom ann airson goireas ùr a chaidh a thogail a dh'aon ghnòthaich gus coinneachadh nas èifeachdaiche ris na feuman sònraichte a tha aig clann agus daoine òga, a' gabhail a-steach na feadhainn aig a bheil feuman mòra agus iom-fhillte a tha an-dràsta a' frithealadh Sgoil Speisealta Naoimh Dhubhthaich. Le bhith a' cur an cèill a' mholaidh thèid a' chomhairle a chuideachadh gus a bhith a' dèanamh feum nas fheàrr de na stòrasan aige agus a bhith a' coileanadh a dhleistanais a bhith a' faighinn an luaich as fheàrr ann an lìbhrigeadh a sheirbheisean. Ma thèid am moladh air adhart, feumaidh a' chomhairle misneachd a thoirt don luchd-obrach agus do phàrantan bho na stèidhean foghlaim air fad gum bi e comasach do dhealbhadh an togalaich taic a thoirt don raon fharsaing de fheumalachdan a tha aig clann agus daoine òga bho 3-18. Bu chòir

dhan seo gabhail a-steach a bhith a' coinneachadh ris a' mhìneachadh reachdail airson FMG.

3.2 Le bhith a' cur a' mholaidh an cèill thèid a' chomhairle a chuideachadh gu bhith a' dèanamh feum nas fheàrr de stòrasan agus coinneachadh ri dhleastanas gus an luach as fheàrr fhaighinn ann an lìbhrigeadh a sheirbheisean. Tha an comas aig solar de champas 3-18 cuideachd a bhith a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh bho Cho-bhuidheann Sgoiltean Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich agus a' choimhearsnachd nas fharsainge. Bithear mar sin a' sgaoileadh agus a' co-roinn fad' is farsaing, buannachdan sgoile agus goireas coimhearsnachd a tha ùr is a chaidh a thogail a dh'aon ghnothaich.

3.3 Choinnich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ri buidhnean de luchd-obrach, pàrantan, riochdairean coimhearsnachd agus clann agus daoine òga bho na sgoiltean dha bheil seo a' beantainn. Cha mhòr nach robh iad uile a' toirt taic don làrach 3-18 agus na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith na cois, agus na goireasan coimhearsnachd a thigeadh na lùib ann an aon àite. Tha iad sin a' gabhail a-steach togalaichean leasaichte, àrainn ionnsachaidh nas tlachdmhor, cothrom air teicneòlas ùr-nòsach agus inntrigeadh ciorraim leasaichte. Cha mhòr nach robh luchd-ùidhe FMG air fad a' faireachdainn gun toireadh an làrach 3-18 a bhathar a' moladh cothrom air a bhith a' co-roinn luchd-obrach agus stòrasan airson Gàidhlig, a dh'àrdaicheadh lìbhrigeadh a' churraicealaim FMG. Thig leasachadh air na cothroman a bhios ann do sgoilearan nas sine a bhith a' gabhail orra fhèin dreuchdan ceannardais agus meantoraidd thairis air a' champas air fad. Cha mhòr nach do roghnaich luchd-obrach, pàrantan, riochdairean coimhearsnachd agus clann agus daoine òga air fad làrach Bun-sgoil Chnoc na Creige. Bhathar dhen bheachd gun robh an làrach seo a' tabhann an fharsaingeachd a b' fheàrr gus coinneachadh ri feumalachdan an là an-diugh agus an ama ri teachd airson na cloinne, nan daoine òga agus airson nan teaghlaichean air fad. Bhathar a' meas gun robh làrach Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich ro bheag is gum biodh cunnart ann gun cuireadh sin bacadh air leasachaidhean san àm ri teachd.

3.4 Thog luchd-obrach, pàrantan, riochdairean coimhearsnachd agus clann agus daoine òga grunnan uallachaidhean. B' e prìomh chùis a bha anns a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig meudachadh san trafaig agus dùmhlachadh air an làrach aig Cnoc na Creige agus mun cuairt air. Chaidh beachdan fhoillseachadh cuideachd nach bu chòir ana-cothrom sam bith a bhith air a dhèanamh air clann anns na bun-sgoiltean eile sa Bhuidheann Sgoiltean Co-cheangailte ri Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich (ASG) agus gum bu chòir planaichean ullachadh gus dèanamh cinnteach gum faigheadh iad buannachd bho leasachadh a' champais. Cha robh an structar stiùiridh a bhathar a' moladh airson a' champais fhathast soilleir. Bha a bhith a' gluasad an leabharlainn a-mach às a' bhaile chun a' champais na adhbhar iomnaidh do na riochdairean bhon choimhearsnachd.

4. Geàrr-iomradh

Tha buannachd foghlaim soilleir ann am moladh na comhairle. Bha a' mhòr-chuid den luchd-ùidhe a chuir a-steach freagairtean a' toirt taic dhan champas 3-18 is a' roghnachadh gu mòr làrach Chnoc na Creige. Bhiodh moladh na comhairle, ma thèid e air adhart, a' faicinn clann agus daoine òga a' faighinn buannachd bho làrach

shingilte, air a deagh shuidheachadh agus le deagh stòrasan aig am bi an comas coinneachadh ri feumalachdan san àm ri teachd mar a bhios iad ag èirigh. Tha an làrach shingilte a' tabhann cleachdadh nas èifeachdaich air na stòrasan, agus a' lùghdachadh dùblachadh agus cosgaisean siubhail. Bidh cothroman airson sgoilearan nas sine a bhith a' gabhail orra dreuchdan ceannardais agus meantoraidd air an leasachadh. Tha làrach Bun-sgoil Chnoc na Creige a' toirt cothrom don champas 3-18 a bhith mar phàirt de thogalach 'mòr-ionad coimhearsnachd' a' dèanamh cheanglaichean co-chòrdail a bhios a chum buannachd sholaraidhean seirbheis eile mar Slàinte. Ann a bhith a' toirt a' mholaidh air adhart, feumaidh a' chomhairle cur an cèill mar a dhearbhas e slighean sàbhailte chun na sgoile a' dèiligeadh ri cùisean a thaobh slighe charbaidean/dùmhachd trafaig. Bu chòir dhaibh cuideachd beachd Bhòrd na Gàidhlig a shireadh. Feumaidh a' chomhairle pàrantan, luchd-obrach, clann agus daoine òga agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd a thoirt a-steach ann an dealbhachadh agus suidheachadh deireannach na làraich 3-18 a thathar a' moladh. Bu chòir dhan seo a bhith a' gabhail a-steach conaltradh ri pàrantan agus buidhnean Gàidhlig iomchaidh gus dèanamh cinnteach gum bi an campas a' libhrigeadh modh-obrach FMG agus bogadh a rèir mar a tha sin air a chur an cèill san Stiùireadh reachdail airson Foghlam Gàidhlig, 2017. Ann a bhith a' dèanamh seo feumar dèanamh cinnteach gum faigh a' chlann bho ASG Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich làn bhuannachd bho leasachadh campas 3-18.

**Luchd-sgrùdaidh na Banrigh
Foghlam Alba
Sultain 2018**